

GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

'S urrainn dhomh ceangal a dhèanamh eadar ainmean-àite ionadail agus na diofar chultaran a thug buaidh air ar sgìre – Gàidhlig, Lochlannach agus Beurla.

- Tagh measgachadh de dh'ainmean-àite anns an sgìre agad fhèin agus rannsaich cò às a thàinig iad.
- Obraich a-mach mar a thuigeas tu an e tùs Gàidhlig, Lochlannais, Beurla no eile a th' aig ainm-àite, tro bhith ag aithneachadh nam prìomh fheartan (me, beinn/ben – Gàidhlig, vat/bhat – Seann Lochlannais airson 'loch').
- Le bhith a' cleachdadh dhathan air mapa ionadail, seall tùsan nan ainmean-àite.
- Lorg air mapa dhen Roinn Eòrpa na h-àiteachan às an tàinig na cànanan a tha co-cheangailte ri na h-ainmean-àite agad.

'S urrainn dhomh feartan-tìre a thuigsinn tro chiall cuid de na h ainmean-àite a th' againn.

- Tadhaill air àiteachan san sgìre agad aig a bheil eileamaid shònraichte a thaobh an ainm – me, vat (loch), abhainn/aibhne (river).
- Sgrìobh stòiridh, gad chur fhèin ann an àite an neach a thug ainm air àite an toiseach, a' toirt cunntas air mar a thag thu an t-ainm sin.
- Coimhead air ainmean-àite ann an ceàrnaidh eile dhen dùthaich agus tomhais dè tha iad a' ciallachadh.
- Dealbhaich do mhapa fhèin de dh'eilean, le cruic, lochan, aibhnichean, bailtean beaga is mòra, agus thoir ainm air gach àite.

'S urrainn dhomh mapa a dhealbhadh, a' cur an sgìre agam fhìn ann an co-theacsa Albannach, Breatannach is Eòrpach

- Dèan sgrùdadh air mapaichean dhen sgìre agad fhèin, Alba, an Rìoghachd Aonaichte agus an Roinn Eòrpa.
- Coimhead air àiteachan, a' cleachdadh ghòireasan mar Google Earth.
- Coimhead air bailtean Eòrpach, gan coimeas a thaobh meud.
- Dealbhaich mapa dhen Rìoghachd Aonaichte/An Roinn Eòrpa, a' sealltainn far a bheil an sgìre agad fhèin.

CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

An dèidh coimhead air ainmean-àite ionadail, am faic thu feartan coitcheann?

Ciamar a nì thu a-mach a bheil ainm-àite Gàidhlig, Lochlannach, msaa?

Carson a tha thu a' smaoinichadh a thàinig na Lochlannaich an seo?

A bheil thu a' smaoinichadh gun tug ar sinnsearan ainmean matha air a' chruth-tìre? Carson?

Carson a tha thu a' smaoinichadh a chaidh aon ainm a thaghadh agus a stèidheachadh seach ainm eile?

Carson a tha ainmean-àite riatanach?

A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil ainmean-àite air mapaichean daonna ceart?

Dè seòrsa mapa as fheàrr leat a bhith a' cleachdadh agus carson – mapaichean pàipeir, siostaman sat nav, mapaichean Google, msaa?



EÒLASAN IS BUILEAN

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm shònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.

SOC 2-06a

Airson cur ri mo mhap inntinn agus mo mhothachadh air àite, 's urrainn dhomh fiosrachadh bho dhiofar sheòrsaichean mhapaichean a mhineachadh, agus tha mi a' tòiseachadh air prìomh fheartan a lorg ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte, san Roinn Eòrpa no san t saoghal mhòr.

SOC 2-14a

CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

<http://www.gaelicplacenames.org/databasedetails.php?id=219>

<http://www.smo.uhi.ac.uk/gaidhlig/aite/lorg.php?seorsa=beurla&facal=forsagaidh&tairg=Lorg>

<https://www.ordnancesurvey.co.uk/resources/historical-map-resources/scandinavian-glossary.html>

ainait.e-storas.com

Mapaichean is Atlasan

